



Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig



Airson liosta nuadh-aimsireil de phrisean theirigibh gu earrann Reicean Foillseachaidh agus Sios-luchdaichean air làrach-lìn SQA.

Bidh an sgrìobhainn seo air fhoillseachadh ann an caochladh chruthan, a' gabhail a-steach clò-sgrìobhadh mòr, breul agus cànanan coimhearsnachd. Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fòn gu Ionad-bruidhne SQA aig 0845 279 1000.

Tha SQA a' gealltainn cànan simplidh a chleachdadh. Feuchaidh sinn ri ar foillseachaidhean a dhèanamh cho furasta an tuigsinn 's as urrainn dhuinn, agus feuchaidh sinn ri goileam gun fheum a sheachnadh. Ma tha sibh a' meas gu bheil cainnt sam bith san sgrìobhainn seo a tha doirbh a tuigsinn, no air am faodar piseach a thoirt, sgrìobhaibh gu An Neach-deasachaidh.

Dealbh còmhdaich le Natalie Faickney, Our Lady and St Patrick's High School, Dùn Breatann

Dealbhte le Cànan. www.canan.co.uk



Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig

An deasachadh seo: An Dàmhair 2009

Còd-foillseachaidh: BB4616

Foillsichte le Ùghdarras Theisteanas na h-Alba

Togalach Optima, 58 Sràid MhicDhonnchaidh, Glaschu G2 8DQ

Rathad Muilnean an Iarainn, Dail Chè, Meadhan Lodainn EH22 1LE

www.sqa.org.uk

Faodar am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a chleachdadh mar thaic do theisteanasan SQA. Ma chleachdar e, is còir SQA ainmeachadh gu soilleir mar bhun. Ma chleachdar e air adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaighinn bho Sgioba-foillseachadh SQA. Chan fhaodar a chleachdadh air adhbharan malairt.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2009

Ro-ràdh.....	1
1 Riaghailt an litreachaidh	2
2 Gnè chonnragan.....	3
3 Buidhnean chonnragan.....	4
4 Riochdachadh fhuaimreagan.....	5
5 Cuideam fhacal.....	7
6 Asgairean agus beàrnan.....	9
7 Freagarrachd fhuaimnean agus facail-iasaid.....	10
8 Gniomhairean.....	11
9 Ràdhan roimhearach.....	12
10 Tàthanadh	14
11 Cùisean litreachaidh eile.....	16
a) Àireamhan.....	16
b) Miosan na bliadhna	17
c) Cinn-latha.....	17
d) Làithean.....	17
e) Sloinnidhean	18
f) Ainmean àitean	18
g) Tìotalan pearsanta.....	18
h) Geàrr-ainmean	19
i) Giorrachaidhean.....	20
12 Liosta fhacal – Tha an liosta fhacal air a foillseachadh an dèidh na h-earrainne Beurla.	

Ann an 1976, stèidhich an *Scottish Certificate of Examination Board* (SCEEB), mar thoradh air iarrtas bhon Phannal Ghàidhlig, fo-chomataidh den Phannal airson gnòthaichean co-cheangailte ri litreachadh na Gàidhlig a rannsachadh. Bha luchd-sgrùdaidh SCEEB mothachail air mì-chòrdaidhean ann an Gàidhlig sgrìobhte agus bhathar a' faireachdainn gum bu chòir stiùireadh a dheasachadh airson a bhith cinnteach gun gabhadh tidsearan agus sgoilearan ri gnàthachas litreachaidh iomchaidh. Cuideachd, bha e cudromach gun cleachdadh luchd-sgrùdaidh, luchd-deasachaidh agus luchd-comharrachaidh am pàipear ann a bhith a' dèiligeadh ri pàipearan agus ri sgrìobtan dheuchainnean.

Chaidh molaidhean na fo-chomataidh fhoillseachadh ann an 1981 sa phàipear *Gaelic Orthographic Conventions* (GOC). Tha am pàipear seo air a bhith na bhunait luachmhor ann an iomadh raon de leasachadh na Gàidhlig bhon uair sin, agus cleachdadh na Gàidhlig a' leudachadh gu caochladh raointean de bheatha phoblach na h-Alba.

A-nise tha an *Scottish Qualifications Authority* (SQA), a ghabh àite SCEEB, air co-dhùnadh gum bu chòir leasachadh agus nuadh-dheasachadh a dhèanamh air a' phàipear, air sgàth mar a tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' leudachadh agus air sgàth meudachaidh air cànan ann an rianachd phoblach le stiùireadh bho SQA, ach a' cumail ri na prionnsapail agus ri na molaidhean a bha ann bho thùs. 'S e an t-amas gum bi am pàipear nuadh-dheasaichte nas fhasa a chleachdadh, agus tha an liosta fhacal air a leudachadh a' feuchainn ris a' ghnàthachas a shoilleireachadh gu ìre nas motha. Mar as trice, is e aon ghnàthachas a thathar a' moladh, ged a thathar mothachail, ann an cuid de dh'eisimpleirean, gu bheil barrachd air aon ga chleachdadh. Chan e an rùn gum bi an liosta ath-leasaichte de dh'fhacail ann an cumadh faclair, no coltach ri faclair. Is e innleachd a tha innte a dh'fhaodas daoine a chleachdadh nuair a tha teagamh ann mu chiamar as còir facal no ràdh a bhith air a litreachadh. Chaidh cho beag 's a ghabhadh de notaicheanmineachaidh a chleachdadh. San deasachadh seo – air fhoillseachadh ann an cumadh dà-chànanach mar phàirt de Phlana Cànanain Gàidhlig SQA – tha grunn leasachaidhean air deasachadh ùr 2005.

Tha SQA a' toirt taing do Riaghaltas na h-Alba agus do Bhòrd na Gàidhlig airson taic-airgid an lùib a bhith ag ath-dheasachadh GOC.

Comhairleach a' Phròiseict	Dòmhnall Iain Maclomhair
Buidheann-Stiùiridh	Anna NicSuain, Colaisde a' Chaisteil, Leòdhas A G Boyd Robasdan, Sabhal Mòr Ostaig Iain MacDhòmhnail, Comhairle nan Leabhraichean
Oifigearan SQA	Marilyn M Waters, Victoria Kewney, Tahir Mohammed
Comhairleach SQA	Evgeniya Matyunina

Tha riaghailt an litreachaidh — 'leathann ri leathann is caol ri caol' — a' ciallachadh nuair a bhios aon chonrag, no barrachd air aon, eadar dà fhuaimreig, gum bi na fuaimreagan air gach taobh de na connragan den aon ghnè.

- a Ma tha an fhuaimreag ro na connragan leathann, **a**, **o** no **u**, is còir gum bi an fhuaimreag a thig nan dèidh leathann mar an ceudna.

▶ *bodach, ceòlmhor, cumadh*

- b Ma tha an fhuaimreag ro na connragan caol, **i** no **e**, is còir gum bi an fhuaimreag a thig nan dèidh caol mar an ceudna.

▶ *caileag, coinnich, oidhche*

Tachraidh saoradh bhon riaghailt seo le cuid de phàirtearan fulangach coileanta, me

▶ *glacte, leagte, togte*

an co-cheangal ri cuid de dh'fhacail fhillte, me

▶ *banrigh, choreigin, mocheirigh, rudeigin*

agus an co-cheangal ri cuid de dh'fhacail-iasaid, me

▶ *mosgioto, soircas, telefòn*

2 Gnè chonnragan

- a Is còir connragan no buidhnean chonnragan de ghnè mullach-beòil a bhith air an comharrachadh le fuaimreagan caola (**e, i**) a bhith làimh riutha:
- ▶ aig toiseach facail: **ceann, geall, greann, seall, steall**
 - ▶ aig deireadh facail: **cruinn, cuirm, Goill, rùisg, saill**
 - ▶ ann am meadhan facail: **clisgeadh, cruinne, sailleadh, tuilleadh**
- b Is còir connragan no buidhnean chonnragan de ghnè bhealarach a bhith air an comharrachadh le fuaimreagan leathann (**a, o, u**) a bhith làimh riutha:
- ▶ aig toiseach facail: **gràn, sprùilleach, stòr**
 - ▶ aig deireadh facail: **ceann, cosg, geal, sealg**
 - ▶ ann am meadhan facail: **ceannaich, balach, cosgais, lochdan**
- c Is còir *seo* agus *siud*, a tha a' foillseachadh gnè mullach-beòil, a chleachdadh. A thaobh *neo* agus *no*, is e *no* an roghainn, ged a tha *neo* freagarrach san ràdh *air neo*.
- d Is còir *taigh* a chleachdadh an àite *tigh* airson fuaim na connraig a ghleidheadh.

3 Buidhnean chonnragan

a Is còir na litrichean **sg** a chleachdadh anns gach suidheachadh an àite **sc**:

- ▶ *basgaid, cosg, pasgan, Sgalpaigh, sgian*

Is còir na litrichean **sp** a chleachdadh anns gach suidheachadh an àite **sb**:

- ▶ *cuspair, cuspann, speal, uspag*

Ach, air sgàth cho tric 's a nochdas iad agus air sgàth cho eòlach 's a thathar orra, cha chòir atharrachadh a dhèanamh air litreachadh nam facal *deasbad, easbaig, susbaint* agus *taisbeanadh*.

Is còir na litrichean **st** a chleachdadh anns gach suidheachadh an àite **sd**:

- ▶ *aosta, a-rithist, èist, furasta, gasta, pòsta, staidhre, tuarastal, tubaist*

Cha bhiodh seo a' beantainn ri ainm-àite fillte far a bheil 'dal' no 'dail' mar eileamaid dheireannach, me

- ▶ *Gramasdail, Lacasdail, Loch Baghasdail*

Dh'fhaodadh seo tachairt cuideachd ann an ainmean suidhichte pearsanta agus ann an ainmean shoidhnichean, me

- ▶ *Alasdair, Colaisde, Fionnlasdan, Taigh-òsda, Ùisdean*

Cuideachd, *Criosd(a), Criosdaidh*, msaa.

b Is còir an ro-leasachan **comh-** a sgrìobhadh mar **co-** nuair nach eil cuideam air, me

- ▶ *co-chomann, co-chòrdadh, co-labhairt, co-ogha*

Nuair a tha cuideam air, ach far nach eil srònachadh, is còir facail a sgrìobhadh mar seo:

- ▶ *coileanta, coitheanal, coluadar*

Nuair a tha cuideam air, ach far a bheil srònachadh, is còir **comh/còmh** gun tàthan a chleachdadh:

- ▶ *comhaois, còmhdhail, còmhradh*

c Is còir do bhuidhnean chonnragan a bhith air an simpleachadh anns na facail:

- ▶ *cudrom* (gabhar ri *cuideam* mar an ceudna), *cudromach, meòraich* agus *meòrachan*

4 Riochdachadh fhuaimreagan

Seo na riochdan a thathar a' moladh:

- a **eu** an àite **ia** mar anns na facail *beul, feur, meud, sgeul*
- b **io** an àite **ia** mar anns na facail *dion, fion, fìor, mìos*
- c Is còir diofrachadh a dhèanamh, nuair a ghabhas, eadar facail aig a bheil an aon fhuaim ach aig a bheil brìgh eadar-dhealaichte. Mar eisimpleir, is còir *ceud* a ghleidheadh airson 100, agus is còir *ciad* a sgrìobhadh airson 1mh. Is còir *mìos* a chleachdadh airson roinn den bhliadhna agus *mias* airson soitheach. Cuideachd, is còir *feur* (a dh'fhàsas san talamh), *fiar* (claon) agus *fìor* (ceart) a sgrìobhadh. Is còir *sìon* (rud sam bith), *seun* (draoidheachd) agus *sian* (stoirm) a chleachdadh.
- d Is còir don fhuaim a bha cheana air a riochdachadh le na fuaimreagan **ao** a bhith air an sgrìobhadh mar **adh** ann am facail a leithid:
- ▶ *adhbhar, adhbrann, adhradh*
- Gleidhear na fuaimreagan **ao** airson fuaim eadar-dhealaichte a riochdachadh, mar eisimpleir, ann an:
- ▶ *daor, faobhar, gaoth, saor*
- e Is còir leudachadh a dhèanamh air a bhith a' cleachdadh **a** (an àite **u**) airson fuaim a riochdachadh san dàrna lide gun chuideam, ann am facail mar *balach, bodach* agus *tioram*, chun na mòrchuid de dh'fhacail, me
- ▶ *àlainn, altram, Bioball, comann, doras, fallas, foghlam, madainn, solas, turas*
- Ach, ann an *agus*, cha chòir **u** atharrachadh gu **a** air sgàth bitheantais agus cleachdaidh.
- Is còir **ea** a chleachdadh an àite **io** ann am facail mar:
- ▶ *boireann, doilgheas, Èireannach, fireannach, gailleann, timcheall*
- Ach is còir do na facail *aotrom* agus *cothrom* an eileamaid **trom** a ghleidheadh san litreachadh.
- f Is còir facail anns a bheil diophongan le **m** mar:
- ▶ *cam, lampa, lom, trom*
- a litreachadh gun stràc ach is còir:
- ▶ *àm* (tide)
- a litreachadh le stràc airson a dhiofarachadh bho fhacail eile leis an litreachadh *am*.
- g Is còir an litreachadh gnàthach a chleachdadh ann a bhith a' riochdachadh gnè fhuaimreagan dheiridhean buadhaireach ann am facail mar an fheadhainn gu h-ìosal, ged a tha fuaimreagan cùil ann an cainnt mòran cheàrnaidhean ann an cuid dhiubh seo anns a bheil fuaimreag chaol sgrìobhte:
- ▶ *ainmeil, bodachail, cuideachail, duineil, fearail, sgileil, sgoinneil*

h Is e **an stràc leathann** a-mhàin as còir a chleachdadh airson fad a chomharrachadh:

- ▶ *an-dè, bò, cù, làmh, lèine, mòr, tìr*

Is còir an stràc a chur air *à/às* (a-mach *à/às*) agus air *às* nuair a tha an fhuaimreag fosgailte (*às bith, às dèidh, às mo chadal*) airson a sònrachadh bho *as* nuair nach eil an fhuaimreag fosgailte (*as fheàrr, as t-earrach, as t-samhradh* msaa).

Is còir an stràc a chleachdadh cuideachd airson fad a chomharrachadh air litrichean mòra:

- ▶ **Àird Àsaig, Ìle, Ìomhar, An t-Òban, Ùig, Ùna**

i Is còir an litreachadh gnàthach gun stràc a ghleidheadh air fuaim fada fhuaimreagan ro **ll** agus ro **nn** ann am facail mar:

- ▶ *cinnteach, fillte, inntinn, till*
- ▶ *bonn, cunntas, sanntach*

Is còir am prionnsapal seo a chleachdadh a thaobh fhacal a bha cheana air an litreachadh leis an stràc, me

- ▶ *dilleachdan, dinnear* agus *trilleachan*

5 Cuideam fhacal

a Cuideam tùsail

Nuair a tha cuideam air a' chiad lide de dh'fhacail, agus de dh'fhior fhacail fhillte, is còir an litreachadh mar aon fhacal:

- ▶ *atharrais, banrigh, barrall, cuingealachadh, diochuimhnich, eatarrasan, imeachd, smaoineachadh, leabharlann*

Tha am pàtran ceudna a' beantainn ri facail anns a bheil ro-leasachain:

- ▶ *anabarrach, anacothrom, aocoltach, aodomhainn, eucoir*

b Cuideam neo-thùsail

Is còir tàthan a chleachdadh sa chumantas ann am facail gun chuideam air a' chiad lide ron phàirt den fhacal air a bheil an cuideam:

- ▶ *ban-diùc, cas-chrom*

Tha an riaghailt cheudna a' beantainn ri facail anns a bheil ro-leasachain:

- ▶ *ana-miann, ath-bheothachadh*

Ach, cha chòir tàthan a chleachdadh ann am facail-iasaid no ann am facail leasaichte air a bheil cuideam neo-thùsail:

- ▶ *buntàta, telebhisean, tombaca*

Is còir riochdairean le mìrean-cuideim (**-ne, -sa, -se, -san**) a sgrìobhadh sa chumantas mar aon fhacal:

- ▶ *againne, astasan, dhaibhsan, dhutsa, leathase, troimhesan*

Ach is còir *leis-san* agus *ris-san* a sgrìobhadh le tàthan airson **ss** a sheachnadh.

c Nuair a leanas mìrean-cuideim ainmear no buadhair, is còir am facal a sgrìobhadh le tàthan:

- ▶ *a brògan-se, ar càirdean-ne, mo leabhar-sa, mo sheacaid ùr-sa*

Ach, is còir riochdairean buadhaireach le *seo, sin* agus *siud* a sgrìobhadh mar fhacail air leth:

- ▶ *an rud seo/an rud sa, an rud sin, an rud ud*

d Is còir ràdhan co-ghnìomhaireach de dh'ùine is de dh'àite a thathar a' meas mar aonadan a sgrìobhadh le tàthan:

- ▶ *a-màireach, a-nis, a-nochd, a-raoir, a-rithist, am-bliadhna, an-ceartuair, an-dè, an-diugh, an-dràsta, an-earar, an-uiridh*
- ▶ *a-bhàn, a-bhos, an-àird, a-nall, a-nios, a-nuas, a-null*
- ▶ *a-chaoidh, a-cheana, am-feast, a-mhàin, a-riamh*
- ▶ *a-mach, a-muigh, a-staigh, a-steach*

- e Is còir tàthan a chleachdadh anns na ràdhan co-ghnìomhaireach a leanas:
- ▶ *an-ath-bhliadhn'* / *an-ath-bhliadhna*, *an-ath-oidhch'*, *an-ath-sheachdain*

Ach, nuair a chleachdar iad mar ainmearan air leth, is còir an sgrìobhadh mar fhacail air leth, me

- ▶ *Bha an ath bhliadhna na b' fheàrr*
- ▶ *Bhiodh an ath oidhche glè eadar-dhealaichte*
- ▶ *Thòisich an ath sheachdain le gaoth is uisge*

- f Is còir roimhearan fillte le cuideam neo-thùsail a sgrìobhadh mar dhà fhacal:
- ▶ *a chum, am broinn, à measg, am measg, a rèir, a thaobh, os cionn, ri taobh*

- g Is còir *airson*, *carson* agus *ciamar* a sgrìobhadh mar aon fhacal, ach is còir *son/shon* ann an ràdhan mar *air a son fhèin* agus *air mo shon fhèin* a sgrìobhadh mar fhacail air leth. Ach nuair a tha *airson* air a ghiorrachadh, is còir a litreachadh mar '*son*'.

- h Is còir facail a tha a' crìochnachadh leis an eileamaid **-eigin** a sgrìobhadh mar aon fhacal sa chumantas, eadhon nuair a tha 'riaghailt an litreachaidh' air a briseadh:
- ▶ *air choreigin, cuideigin, feareigin, latheigin, neacheigin, rudeigin, uaireigin*

Ach is còir tàthan a chleachdadh san fhacal *tè-eigin* airson **ee** a sheachnadh.

6 Asgairean agus beàrnan

a Cleachdar asgairean mar a leanas:

- ▶ riochdan den alt ro ainmear, me *a' ghealach*
- ▶ gnìomh-ainmearan a' tòiseachadh le connrag, me *a' falbh*
- ▶ an gnìomhair *is* air a ghiorrachadh, me *'s ann, 's dòcha, 's e, 's math*
- ▶ *bu* air a ghiorrachadh, me *b' ann, b' e, b' fheàrr*
- ▶ *is/agus* air a ghiorrachadh, me *cho luath 's a tha e, math 's gu bheil e*
- ▶ riochdairean ginideach air an ghiorrachadh, me *d' fhàinne, m' amhach*
- ▶ an dèidh *dh'* san tràth choileanta, me *dh'fhalbh, dh'ith*
- ▶ nuair a dh'atharraicheas an roimhear *do* gu *a dh'* ro fhuaimreagan, me *a dh'iarraidh, a dh'Uibhist*

b Cha chòir an t-asgair a chleachdadh anns na leanas:

- ▶ *gum faigh, gun creideadh, gur ann*
- ▶ *làrna-mhàireach, nuair*

c Cha chòir an t-asgair a chleachdadh ann an ràdhan ginideach, me

- ▶ *nam thaigh; na mo thaigh*
- ▶ *nad thaigh; na do thaigh*
- ▶ *na thaigh*
- ▶ *na taigh, na h-àite*
- ▶ *nar taigh; na ar taigh*
- ▶ *nur taigh; na ur taigh*
- ▶ *nan taighean, nam brògan*

d Cha chòir an t-asgair a chleachdadh ann an riochdan mar *ga*, me

- ▶ *gam thuigsinn; ga mo thuigsinn*
- ▶ *gad chreidsinn; ga do chreidsinn*
- ▶ *ga chluinntinn*
- ▶ *ga h-aithneachadh*
- ▶ *gar togail; ga ar togail*
- ▶ *gur leantainn; ga ur leantainn*
- ▶ *gan coinneachadh*
- ▶ *gam faicinn*

e Is còir mothachadh gu bheil beàrn daonnan às dèidh nan riochdan *a', b', d'* agus *m'*. Ach cha chòir beàrn a bhith às dèidh *dh'*.

Nuair a tha *an* no *am* air an ghiorrachadh gu *'n* agus *'m*, agus ainmear no riochdaire romhpa, is còir an sgrìobhadh mar fhacail air leth is beàrn fhàgail, me

- ▶ *a bheil thu 'm beachd?, bha an duine 'n dùil, tha mi 'n dòchas*

Is còir beàrn daonnan a bhith às dèidh *'s*, às bith dè a chiall, agus cha chòir a cheangal uair sam bith ris an ath fhacal, me

- ▶ *'s ann à Nis a tha mi*
- ▶ *'s e sin as fheàrr, 's mise a th' ann, 's dòcha gun tig iad*
- ▶ *mi fhìn 's tu fhèin, cho luath 's a chì mi e*

7 Freagarrachd fhuaimnean agus facail-iasaid

Is còir facail no fhuaimnean a tha air an in-aonachadh ri Gàidhlig a sgrìobhadh mar a leanas:

- ▶ Faodar **CH** tùsail a riochdachadh le **se** no **te**: *seic, seòclaid, teans(a)/seansa*
- ▶ Faodar **J** tùsail a riochdachadh le **i**: *lapan, lupatar*
- ▶ Faodar **J** cuideachd a riochdachadh le **s**: *seit-phlèan* no le **d**: *dinichean*
- ▶ Faodar **K** tùsail a riochdachadh le **c**: *cileagram/cg, cilemeatair/km* (cleachdar *km* airson a bhith eadar-dhealaichte bho *cm*)
- ▶ Faodar **Q** tùsail a riochdachadh le **cu**: *cuaraidh, cuota*
- ▶ Faodar **V** tùsail a riochdachadh le **bh**: *bhana, Bhictòria*
- ▶ Faodar **W** tùsail a riochdachadh le **u(a)** no **u(e)**: *uàlras, uèir*
- ▶ Faodar **WH** tùsail a riochdachadh le **cu** no **chu**: *chuip, cuibheall, cuip*
- ▶ Faodar **X** tùsail a riochdachadh le **s**: *saidhleafòn*; faodar **X** ann am meadhan facail a riochdachadh le **gs**: *bogsa, tagsaidh*
- ▶ Faodar **Y** tùsail a riochdachadh le **gh** no **i**: *gheat, iogart, lorc*
- ▶ Faodar **Z** tùsail a riochdachadh le **s**: *sinc, sù/sutha*
- ▶ Is còir diophongan ann am facail leasaichte a bhith air an riochdachadh le **-dh**, chan ann le **-gh**: *baidhsagal, loidhne, soidhne, stoidhle*
- ▶ Is còir do **-ee** agus do **-y** aig deireadh facail a bhith air an riochdachadh le **(a)idh** no le **-idh**: *cofaidh, comadaidh, comataidh, poileasaidh, silidh, tofaidh*

8 Gnìomhairean

- a Is còir na leanas a chleachdadh airson a' ghnìomhair 'bi'. Chithear cromagan far a bheil riochdan eile air a bheil cuideam. Tha stròc a' comharrachadh roghainn eile an lùib dualchaint.

An tràth coileanta	<i>an robh?</i> <i>gun robh</i> <i>nach robh</i>
Pàirtear coileanta	<i>bhite/bhithist(e)</i>
Cùmhnantach	<i>bhiodh, bhitheadh</i> <i>cha bhiodh, cha bhitheadh</i>
An tràth teachdail	<i>bidh, bithidh</i> <i>cha bhi</i> <i>am bi?</i> <i>... gum bi</i> <i>... nach bi</i> <i>a bhith</i>

- b Is còir na leanas a chleachdadh airson gnìomhairean neo-riaghailteach. Chithear cromagan far a bheil riochdan eile suidhichte a rèir cuideim.

Freumh	Gnìomh-ainmear	Dearbh-choileanta	Àicheadh-choileanta
<i>abair</i>	<i>ag ràdh/a' ràdh</i>	<i>thuirt, thubhairt</i>	<i>cha tuirt, cha tubhairt</i>
<i>beir (air)</i>	<i>a' breith</i>	<i>rug</i>	<i>cha do rug</i>
<i>cluinn</i>	<i>a' cluinntinn</i>	<i>chuala</i>	<i>cha chuala</i>
<i>dèan</i>	<i>a' dèanamh</i>	<i>rinn</i>	<i>cha do rinn</i>
<i>faic</i>	<i>a' faicinn</i>	<i>chunnaic</i>	<i>chan fhaca</i>
<i>faigh</i>	<i>a' faighinn</i>	<i>fhuair</i>	<i>cha d' fhuair</i>
<i>rach</i>	<i>a' dol</i>	<i>chaidh</i>	<i>cha deach</i>
<i>ruig</i>	<i>a' ruighinn</i>	<i>ràinig</i>	<i>cha do ràinig</i>
<i>thig</i>	<i>a' tighinn</i>	<i>thàinig</i>	<i>cha tàinig</i>
<i>thoir</i>	<i>a' toirt</i>	<i>thug</i>	<i>cha tug</i>

Is iad an fheadhainn le aon lide - *bidh, bhiodh, cha bhiodh* - as còir a chleachdadh sa chumantas, agus *bithidh, bhitheadh, cha bhitheadh* a-mhàin airson cuideam a shealltainn.

Gabhar cuideachd ri roghainnean mar *a' ruigsinn, cha deachaidh, cha d' ràinig, chunna*.

- c Is còir na leanas a sgrìobhadh airson a' ghnìomhair *cuir*:

Freumh	Gnìomh-ainmear	Dearbh-choileanta	Àicheadh-choileanta	Infinideach
<i>cuir</i>	<i>a' cur</i>	<i>chuir</i>	<i>cha do chuir</i>	<i>a chur</i>

9 Ràdhan roimhearach

- a Faodaidh ràdhan roimhearach a bhith air an dèanamh le roimhear + alt + ainmear, me *bho* + *an* + *baile*, leis am faighear *bhon bhaile*. Gabhar cuideachd ri *bhon a' bhaile*. An seo shios tha am prionnsapal ceudna airson roimhearan eile.

<i>fo + an</i>	<i>fon taigh/fon an taigh</i>
<i>mu + an</i>	<i>mun bhòrd/mun a' bhòrd</i>
<i>ro + an</i>	<i>ron Nollaig/ron an Nollaig</i>
<i>tro + an</i>	<i>tron bhaile/tron a' bhaile</i>

Tha pàtran eadar-dhealaichte ann airson *leis* agus *ris*, oir cha ghabh iad an ceangal ris an alt airson facal ùr a dhèanamh, agus faodaidh dà ghnè den alt tighinn nan dèidh:

<i>leis + an</i>	<i>leis an duine, leis a' bhaile</i>
<i>ris + an</i>	<i>ris an duine, ris a' bhaile</i>

Chithear am pàtran ceudna le *anns*, ach gheibhear tuilleadh ghiorrachaidhean cuideachd:

<i>anns + an</i>	<i>anns an duine, anns a' bhaile</i>	<i>san duine, sa bhaile</i>
------------------	--------------------------------------	-----------------------------

Cuirear *dha* agus *dha/dhe* ann am mòran shuidheachaidhean an àite *do* agus *de*, agus mar thoradh air sin tha barrachd riochdan ann na chithear an seo shuas. Nuair a thig an t-alt nan dèidh tha iad uaireannan cuideachd air an sgrìobhadh mar a chithear sa cheathramh colbh an seo shios.

<i>do + an</i>	<i>don bhaile/don a' bhaile</i>	<i>dha + an</i>	<i>dhan bhaile/dhan a' bhaile</i>
<i>de + an</i>	<i>den bhaile/den a' bhaile</i>	<i>dhe + an</i>	<i>dhen bhaile/dhen a' bhaile</i>

Uaireannan a thaobh *do + an*, chithear *dan bhaile* cuideachd.

Ro fhacail iolra agus *gach* chithear uaireannan *le* agus *ri* a thuilleadh air *leis* agus *ris*:

<i>le/leis na balaich</i>	<i>ri/ris gach tè</i>
---------------------------	-----------------------

Gabhar ris an dà riochd.

- b Faodaidh ràdhan roimhearach eile a bhith air an dèanamh le roimhear + riochdaire ginideach + ainmear, me *do + mo + taigh*, leis am faighear *dom thaigh*. Gabhar cuideachd ri *dham thaigh*. Faodar na riochdan aonaichte a leanas a chleachdadh, ged a ghabhar ri na riochdan air leth cuideachd:

Roimhear	Riochdaire ginideach	Riochd aonaichte
<i>do/dha</i>	<i>mo</i>	<i>dom/dham</i>
	<i>do</i>	<i>dod/dhad</i>
	<i>a (fir)</i>	<i>da/dha (a) thaigh</i>
	<i>a (boir)</i>	<i>da/dha (a) taigh</i>
	<i>ar</i>	<i>dor/dar/dhar</i>
	<i>ur</i>	<i>dur/dhur</i>
	<i>am</i>	<i>dom/dam/dham</i>
	<i>an</i>	<i>don/dan/dhan</i>

a Ainmearan

Thathar a' gabhail ris gu bheil litreachadh fhacal a tha air an dèanamh suas le barrachd air aon ainmear ceangailte ri chèile na mheadhan air duilgheadasan, agus tha an stiùireadh a leanas ag amas air taic a thoirt seachad. Sa chumantas tha facail fhillte air an tàthanadh ma thathar gam meas mar aonad – mar eisimpleir, nam biodh buadhair gu gnàthach ro, no an dèidh, facail cheangailte agus nach biodh nan dèidh, me

- ▶ *an t-eadar-lion, brath-naidheachd, cùis-lagha, in-sheirbheis, làrach-lìn, leabhar-latha, post-dealain, ro-ràdh*

Is còir do na facail *àite, ball, bàta, ceann, clàr, còir, cùirt, culaidh, inneal, ionad, obair, rùm, seòmar, taigh* agus *uidheam* a bhith air an leantainn le tàthan nuair a bhios iad ro ainmear eile a tha san tuiseal ghinideach, me

- ▶ *àite-fuirich, ball-maise, bàta-siùil, ceann-suidhe, clàr-gnothaich, còir-bhreith, cùirt-lagha, culaidh-thruais, inneal-nigheadaireachd, ionad-obrach, obair-làimhe, rùm-cadail, seòmar-ionnlaid, taigh-bidh, uidheam-spòrs*

Is còir le na facail a leanas, a' comharrachadh phearsachan no bhuidhnean – *bean, buidheann, fear, luchd, neach, sgioba, tè* – tàthan a bhith ann nuair a leanas ainmear cumanta iad, me

- ▶ *bean-taighe, buidheann-obrach, fear-siubhail, luchd-eòlais, neach-gairm(e), sgioba-glanaidh, tè-labhairt*

Cuideachd leis an ro-leasachan *ban(a)* nuair a tha an cuideam air an dàrna lide, me

- ▶ *bana-phrionnsa, ban-Eadailteach, ban-s(h)einneadair*

Nuair a tha an cuideam air a' chiad lide, cha chòir tàthan a bhith ann, me

- ▶ *banabaidh, banacharaid, banacheard, banaltram*

Seach gur e ro-leasachan a tha ann am *ban*, tha e aocoltach ri *bean*, is cha bhi an tuiseal ginideach às dèidh *ban* uair sam bith. Cuideachd, is còir a bhith mothachail air an litreachadh *baintighearna*.

Bidh am pàtran tàthanaidh ceudna a' tachairt nuair a thathar a' cleachdadh aon ainmear (coltach ri buadhair) mar ro-leasachan air ainmear eile nach eil san tuiseal ghinideach, le sèimheachadh far a bheil sin comasach, me

- ▶ *bròn-chluich, bun-sgoil, ceann-latha, sluagh-ghairm, speur-bhean*

Is còir a bhith mothachail cuideachd, nuair nach eil an dàrna ainmear (boireann no fireann) air a shèimheachadh san tuiseal ainmneach, gum faod e a bhith air a shèimheachadh ann an tuiseal eile nuair a leanas e roimhear agus an t-alt, me *anns an eachdraidh-bheatha, san taigh-sheinnse*

Cha chòir tàthan a thighinn às dèidh fhaclan mar *aithisg, comhairle, greis, iomairt, oifigeach, oifigear, òrdugh, plana, roinn*, me

- ▶ *aithisg comhairleachaidh, comhairle baile, iomairt coimhearsnachd, oifigeach/oifigear leasachaidh, òrdugh cùirte, plana gnìomh, roinn dealbhachaidh*

Cha chòir tàthan a chleachdadh nuair a tha ainmearan air an sgaradh leis an alt no nuair as e ainm a tha san dàrna facal no ann am facal às a dhèidh, me

- ▶ *Ball Pàrlamaid, bàta Mhalaig, bean Thormoid, Cùirt an t-Seisein, fear an taighe, obair na h-ola, rùm na cloinne, sgioba rugbaidh na h-Alba, taigh Dhòmhnail*

A thaobh thiotalan no ainmeachaidh a tha a' tòiseachadh le litir mhòr, far a bheil an t-ainmear an dèidh tàthain sa chumantas air a sgrìobhadh le litir mhòr seach gur e prìomh ainmear no tiotal a tha ann, is còir an litir mhòr a ghleidheadh an dèidh an tàthain, me

- ▶ *(an t-)Ath-Leasachadh, Iar-Chathraiche, Leas-Stiùiriche, (na) Meadhan-Aoisean*

Is còir don ainmear an dèidh an tàthain a bhith a' tòiseachadh le litir bheag, me

- ▶ *Ceann-cinnidh, Ceann-feadhna, Ceann-suidhe, (an) Co-fhlaitheas*

Chan eil e comasach riaghailt dheimhinnte a thoirt seachad a thaobh am bu chòir ainmear a leanas ainmear boireann a bhith air a shèimheachadh (eadar gu bheil tàthanadh ann no nach eil), seach gu bheil mòran eisimpleirean ann far a bheil a leithid de dh'ainmear air a shèimheachadh agus mòran eisimpleirean far nach eil, me *bean-ghlùine* agus *deise chlà*, ach *eachdraidh-beatha*.

b Buadhairean

Is còir tàthan a chleachdadh far a bheil buadhair air a chur mar ro-leasachan air ainmear, me

- ▶ *Àrd-Easbaig, ath-innse, beag-seagh, cruaidh-chàs, dubh-fhacal, Iar-Cheann-suidhe, liath-reothadh, mòr-roinn, trom-laighe*

Chan eil sin a' beantainn ri buadhairean a bhithear a' cleachdadh daonnan ron ainmear: *droch, fìor, ioma/iomadh, prìomh, seann*, me

- ▶ *droch shùil, fìor dhuine, iomadh oidhche, (am) Prìomh Mhinistear, seann sgeulachd*

Is còir buadhair a thig ro bhuadhair eile a bhith daonnan sgrìobhte le tàthan, me

- ▶ *fad-fhulangach, ioma-dhathach, iomadh-fhillte, làn-eòlach, uile-chumhachdach*

Uaireannan chan eil seo buntainneach nuair a bhios cuideam air a' chiad lide:

- ▶ *lagchuisseach, mòrchuisseach*

Tha am pàtran ceudna ga leantainn le buadhairean a thaobh cleachdadh litrichean mòra agus litrichean beaga, me

- ▶ *Ieth-Cheilteach, Gall-Ghàidhealach*

c Co-ghnìomhairean

Tha stiùireadh mu ràdhan co-ghnìomhaireach ann an Earrann 5 (d).

Is còir mothachadh gur còir *an seo, an sin* agus *an siud* a litreachadh gun tàthan.

d A' cleachdadh fèin agus fhèin

Tha tàthan daonnan às dèidh an ro-leasachain *fèin*, me

- ▶ *fèin-eòlas, fèin-mheas, fèin-mhothachail*

Ach, is còir gun tig *fhèin* (agus *fhìn* sa chiad phearsa) daonnan às dèidh an ainmeir ris a bheil e a' beantainn, agus cha chòir dha a bhith le tàthan uair sam bith, me

- ▶ *an duine fhèin, an duine seo fhèin, an taigh againn fhìn, iad fhèin, mi fhìn, Seumas fhèin*

Faodar na riochdan *agaib' fhèin, sib' fhèin* msaa a chleachdadh an àite *agaibh fhèin, sibh fhèin*, msaa airson sealltainn mar a thathar uaireannan gan ràdh.

11 Cùisean litreachaidh eile

a Àireamhan

Tha dà shiostam-cunntaidh ann an Gàidhlig – aon stèidhichte air ficheadan, am fear eile (a tha nas ùire, air adhbharan foghlaim) air deichean. Tha eisimpleirean den dà shiostam rim faotainn an seo shìos:

Àireamh	Riochdan gnàthasach	Riochdan ùra
11	<i>aon-deug</i>	<i>aon-deug</i>
19	<i>naoi-deug</i>	<i>naoi-deug</i>
27	<i>seachd air fhichead</i>	<i>fichead 's a seachd</i>
29	<i>naoi air fhichead</i>	<i>fichead 's a naoi</i>
30	<i>deich air fhichead</i>	<i>trithead</i>
32	<i>dhà-dheug air fhichead</i>	<i>trithead 's a dhà</i>
40	<i>dà fhichead</i>	<i>ceathrad</i>
46	<i>dà fhichead 's a sia</i>	<i>ceathrad 's a sia</i>
50	<i>leth-cheud</i>	<i>caogad</i>
60	<i>tri fichead</i>	<i>seasgad</i>
70	<i>tri fichead 's a deich</i>	<i>seachdad</i>
80	<i>ceithir fichead</i>	<i>ochdad</i>
90	<i>ceithir fichead 's a deich</i>	<i>naochad</i>
135	<i>sia fichead 's a còig-deug/ ceud 's còig-deug air fhichead</i>	<i>ceud, trithead 's a còig</i>
50,000	<i>leth-cheud mìle</i>	<i>caogad mìle</i>
1,000,000	<i>millean</i>	<i>millean</i>
1,000,000,000	<i>billean</i>	<i>billean</i>

Tha àireamhan air an cleachdadh le ainmearan mar seo:

seachd bliadhna deug

sia neach air fhichead/fichead neach 's a sia/fichead 's a sia neach

còig sgillinn deug air fhichead/trithead sgillinn 's a còig/trithead 's a còig sgillinn

Is còir do àireamhan a bhith a' ruith mar seo:

<i>a' chiad</i>	<i>(1d)</i>
<i>an dàrna/an dara</i>	<i>(2na/ra)</i>
<i>an treas/an treasamh/an tritheamh</i>	<i>(3mh)</i>
<i>an ceathramh</i>	<i>(4mh)</i>
<i>an còigeamh</i>	<i>(5mh)</i>
<i>an siathamh</i>	<i>(6mh)</i>
<i>an seachdamh</i>	<i>(7mh)</i>
<i>an t-ochdamh</i>	<i>(8mh)</i>
<i>an naoidheamh</i>	<i>(9mh)</i>
<i>an deicheamh</i>	<i>(10mh)</i>

Tha e an urra ri gnè an fhacail a bheil *t-* a' tighinn ro na h-àireamhan 6, 7, 8 agus 11, me *an seachdamh bogsa* (fireann), ach *an t-seachdamh bròg* (boireann).

b Miosan na bliadhna

Làn-riochd	An riochd giorraichte	Làn-riochd	An riochd giorraichte
<i>Am Faoilleach</i>	Faoi	<i>An t-Iuchar</i>	Iuch
<i>An Gearran</i>	Gear	<i>An Lùnastal</i>	Lùn
<i>Am Màrt</i>	Màrt	<i>An t-Sultain</i>	Sult
<i>An Giblean</i>	Gibl	<i>An Dàmhair</i>	Dàmh
<i>An Cèitean</i>	Cèit	<i>An t-Samhain</i>	Samh
<i>An t-Ògmhios</i>	Ògmh	<i>An Dùbhlachd</i>	Dùbh

c Cinn-latha

Faodar cinn-latha a sgrìobhadh san iomlanachd, no a' cleachdadh àireamhan, mar seo:

An seachdamh latha deug dhen Fhaoilleach

An ceathramh latha fichead/air fhichead dhen Ghearran

An 23mh den Mhàrt

23mh (An) Giblean

26 Cèitean

d Làithean

Is còir làithean na seachdain a sgrìobhadh mar a leanas:

Làn-riochd	Riochd giorraichte
<i>Diluain</i>	Dil
<i>Dimàirt</i>	Dim
<i>Diciadain</i>	Dic
<i>Diardaoin</i>	Diar
<i>Dihaoine</i>	Dih
<i>Disathairne</i>	Dis
<i>Didòmhnaich</i>	Did
<i>Latha/Là na Sàbaid</i>	LnS

Tha amannan ann an làithean air an comharrachadh mar a leanas:

madainn Diluain

feasgar Dimàirt

feasgar na Sàbaid

Is còir ainmean oidhcheannan na seachdain a sgrìobhadh:

<i>Oidhche Luain</i>	<i>Oidhche Haoine</i>
<i>Oidhche Mhàirt</i>	<i>Oidhche Shathairne</i>
<i>Oidhche Chiadain</i>	<i>Oidhche Dhòmhnach/Oidhche na Sàbaid</i>
<i>Oidhche Ardaoin/Oidhche Dhiardaoin</i>	

Gabhar ri riochdan mar *Oidhche Diluain* cuideachd.

e Sloinnidhean

Is còir sloinnidhean anns a bheil *Mac* agus *Nic* a sgrìobhadh mar aon fhacal, ach le litir mhòr aig toiseach na dàrna eileamaid:

- ▶ *MacAilein, MacCoinnich/MacChoinnich, MacDhòmhnaill, MacIlleMhaoil, NicIlleDhuinn, NicLeòid, NicThòmais*

Tha sloinnidhean anns a bheil an t-alt eadar-dhealaichte:

- ▶ *Mac a' Ghobhainn, Mac an Aba, Nic a' Phearsain*

f Ainmean àitean

Is còir do litreachadh ainmean àitean anns a bheil dà eileamaid no barrachd air dà eileamaid iad sin fhoillseachadh:

- ▶ *Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Èideann, Inbhir Nis, Obar Dheathain*

Ma tha eileamaid air fàs doilleir, is còir tàthan a chleachdadh:

- ▶ *Earra-Ghàidheal*

Is còir an eileamaid dheireannach ann an ainmean bho –ey 'eilean' sa chànan Lochlannach a litreachadh –aigh no –eigh:

- ▶ *Barraigh, Beàrnaraigh, Èirisgeigh, Pabaigh, Sgalpaigh, Tarasaigh*

g Tiotalan pearsanta

Mnathan

Thathar a' moladh *a' Bh-uas* (giorrachadh air *a' Bhean-uasa*) a chleachdadh airson 'Miss', 'Ms' agus 'Mrs'. Thigeadh seo gu:

- ▶ *a' Bh-uas (Màiri) Chaimbeul, a' Bh-uas (Sine) Mhoireach, a' Bh-uas (Anna) NicDhòmhnaill*

Cha rachadh an t-alt a sgrìobhadh le litir mhòr ach a-mhàin ann an seòladh-puist, agus às dèidh roimheir nochdadh an t-ainm mar a leanas:

- ▶ *aig a' Bh-uas (Màiri) Chaimbeul, aig a' Bh-uas (Sine) Mhoireach, aig a' Bh-uas (Anna) NicDhòmhnaill*
- ▶ *dhan Bh-uas Chaimbeul, dhan Bh-uas Mhoireach, dhan Bh-uas NicDhòmhnaill*

Dh'fhaodte tuiseal tabhartach a chomharrachadh an dà chuid san tiotal agus san ainm, me *aig a' Mhnaoi-uasail Chaimbeil/Mhoirich/NicDhòmhnaill*, ach is dòcha gum biodh sin na b' fhoirmeile na bhiodh a dhìth.

Ach, is còir tuiseal ginideach a chomharrachadh, agus bhiodh sin sgrìobhte mar *na M-uas* (giorrachadh air *na Mnà-uasail/uaisle*):

- ▶ *nighean na M-uas C(h)aimbeil, nighean na M-uas M(h)oirich, nighean na M-uas NicDhòmhnaill*

Is e an riochd gun sèimheachadh a tha fìor cheart, ach tha e nas coltaiche gur iad na riochdan sèimhichte mar *nighean na M-uas Chaimbeil* agus *nighean na M-uas Mhoirich* a gheibhear. Is e an riochd ann a bhith a' bruidhinn ri cuideigin:

- ▶ *a Bh-uas Chaimbeul, a Bh-uas Mhoireach, a Bh-uas NicDhòmhnaill*

